

Leugh an earrann a leanas anns am faic thu 20 mearachd, agus an uair sin:

- a. Ceartaich na mearachdan;
- b. Innis carson a bha iad ceàrr.

Coille Mhòr Chailleann ann am Beul-aithris nan Gàidheal

Tha na h-eòlaichean a tha a toirt sùil as ùr an-dràsda air fianais mu coilltean na h-Alba gu mòr de'n bheachd nach robh coille air feadh na dùthaich a fhreagras air an ìomhaigh den Choille Mhòr Chailleann a tha ann am mac-meanmna an t-sluaigh. Ann an aithisgean ùra a tha a mach air eachdraidh na tìre bho sheann, bi eòlaichean a' cur fiosrachaidh, leithid poilein, gu feum gus tuairisgeul a' dhealbhachadh air beatha na coille. Tha an tuairisgeul, mar a tha e againn an-dràsta, a' soilleireachadh nach robh an coille riamh cho farsaing, dùmhail no maireannach 's a tha beul-aithris a' cumail a-mach.

Is coltach, a-rèir am fiosrachadh sin, gu bheil an Ollamh Russell den bheachd gu bheilear sgeulachdan Coille Mhòr Chailleann a' cuir sgleò air ar t-sùilean, agus mar sin, nach bidh fios is tuigse againn ceart gus an cur sinn cùl ris.

Coille Mhòr Chailleann ann am Beul-aithris nan Gàidheal

Tha na h-eòlaichean a tha **a toirt** sùil as ùr **an-dràsda** air fianais **mu coilltean** na h-Alba gu mòr **de'n** bheachd nach robh coille air feadh **na dùthaich** a fhreagras air an iomhaigh **den Choille Mhòir Chailleann** a tha ann am mac-meanmna an t-sluaigh. Ann an aithisgean ùra a tha **a mach** air eachdraidh na tìre **bho sheann**, **bi** eòlaichean a' cur **fiosrachaidh**, leithid poilein, gu feum gus tuairisgeul **a' dhealbhachadh** air beatha na coille. Tha an tuairisgeul, mar a tha e againn an-dràsta, a' soilleireachadh nach robh **an coille** riamh cho farsaing, dùmhail no maireannach 's a tha beul-aithris a' cumail a-mach.

Is coltach, **a-rèir am fiosrachadh** sin, gu bheil **an Ollamh** Russell den bheachd **gu bheilear** sgeulachdan Choille Mhòr Chailleann **a' cuir** sglèò air **ar t-sùilean**, agus mar sin, **nach bidh** fios is tuigse againn ceart **gus an cur** sinn cùl ris.

3. Na mearachdan air an ceartachadh.

Coille Mhòr Chailleann ann am Beul-aithris nan Gàidheal

Tha na h-eòlaichean a tha a' toirt sùil as ùr an-dràsta air fianais mu choilltean na h-Alba gu mòr den bheachd nach robh coille air feadh na dùthcha a fhreagras air an ìomhaigh de Choille Mhòr Chailleann a tha ann am mac-meanmna an t-sluaigh. Ann an aithisgean ùra a tha a-mach air eachdraidh na tìre bho shean, bidh eòlaichean a' cur fiosrachadh, leithid poilein, gu feum gus tuairisgeul a dhealbhadh air beatha na coille. Tha an tuairisgeul, mar a tha e againn an-dràsta, a' soilleireachadh nach robh a' choille riamh cho farsaing, dùmhail no maireannach 's a tha beul-aithris a' cumail a-mach.

Is coltach, a rèir an fhiosrachaidh sin, gu bheil an t-Ollamh Russell den bheachd gu bheil sgeulachdan Coille Mhòr Chailleann a' cur sgleò air ar sùilean, agus mar sin, nach bì fios is tuigse againn ceart gus an cuir sinn cùl ris.

4. Na mearachdan air am mìneachadh. Tha na facail ann an clò Eadailteach dorcha air am mìneachadh ann am “Briathrachas Sònraichte”.

1. a toirt > a' toirt

Ann an rosgrannan sìmplidh, m.e. *Tha mi a' falbh, Bidh sinn a' dùsgadh tràth, Bha iad a' seinn*, feumaidh **a'** (a agus asgair) a dhol còmhla ris an **ainmear ghnìomhaireach**.

2. an-dràsda > an-dràsta

Tha **sd** ceadaichte ann an ainmean, m.e. *Alasdair, An Gearasdan*, ach ann am facail eile bithear a' sgrìobhadh an fhuaim seo mar **st**.

3. mu coilltean > mu choilltean

Tha **mu** air aon de na facail a dh'adhbhraicheas **sèimheachadh**.

4. de'n > den

Bu chòir **roimhear + alt** a sgrìobhadh mar aon fhacal, m.e. *bhon, den, don, fon, mun, ron, tron*.

5. na dùthaich > na dùthcha

'S e ainmear **boireann** a tha seo agus feumar an **tuisseal ginideach** a chleachdadh a chionn 's gu bheil e a' leantainn an **roimheir fhillte** air feadh.

6. den Choille Mhòir Chailleann > de Choille Mhòr Chailleann

Ann an sreathan ginideach mar seo, far a bheil sreath de dh'ainmearan ann, agus am fear mu dheireadh anns an tuisseal ghnìomhaireach, cha bhi alt air a chleachdadh aig an toiseach agus bidh gach ainmear ach am fear mu dheireadh anns an **tuisseal bhunasach**.

7. a mach > a-mach

Tha a' chuid mhòr de **cho-ghnìomhairean** a tha a' sònrachadh àite no àm ri an sgrìobhadh le **tàthan**.

8. bho sheann > bho shean

Ma nochdas am **buadhair** seo ro ainmear, 's e **seann** a sgrìobhar. Anns a h-uile suidheachadh eile, bithear a' sgrìobhadh **sean**. Tha an litreachadh eadar-dhealaichte a' sealltainn gu bheil am fuaimneachadh eadar-dhealaichte: seann = /ʃaun/ agus sean = /ʃɛn/.

9. bi > bidh

'S e **freumh a' ghnìomhair** a th' ann am **bi**, ach 's e an **tràth teachdail** a tha seo agus bithear a' sgrìobhadh **bidh**.

10. **fiosrachaidh > fiosrachadh**

Às dèidh ainmearan gnìomhaireach bidh ainmear **singilte** le alt anns an tuiseal ghinideach, ach bho nach eil alt an seo, 's e an tuiseal bunasach a bhithear a' cleachdadh.

11. **a' dhealbhachadh > a dhealbhachadh**

'S e cumadh cas mu seach a tha seo agus cha bhi tàthan air a chleachdadh leis an ainmear gnìomhaireach shèimhichte. Tha an **a** an seo co-ionann ri **a' dol a Ghlaschu**. Cha deach litir sam bith a ghearradh às, agus mar sin cha bu chòir asgair a sgrìobhadh.

12. **an coille > a' choille**

'S e ainmear boireann a tha seo, a' tòiseachadh le **c** agus mar sin 's e **a'** cumadh an uilt agus bidh an t-ainmear air a shèimheachadh.

13. **a-rèir > a rèir**

Tha **a rèir** na **roimhear fillte** agus feumar an dà fhacal annta sin a sgrìobhadh fa leth gun tàthan.

14. **am fiosrachadh > an fhiosrachaidh**

Bidh roimhearan fillte mar **a rèir** a' cur ainmearan a thig às an dèidh dhan tuiseal ghinideach.

15. **an Ollamh > an t-Ollamh**

'S e ainmear **fireann** a tha seo a' tòiseachadh le **fuaimreag** agus mar sin 's e **an t-** cumadh an uilt.

16. **gu bheilear > gu bheil**

Tha **gu bheilear** na gnìomhair neo-phearsanta, a' ciallachadh gu bheil cùisear an rosgrainn am broinn a' gnìomhair, ach 's e **sgeulachd** an cùisear an seo agus chan eil feum air gnìomhair neo-phearsanta.

17. **a' cuir > a' cur**

'S e freumh a' gnìomhair a th' ann an **cuir** ach 's e an t-ainmear gnìomhaireach a tha seo 's e air a litreachadh **cur**.

18. **ar t-sùilean > ar sùilean**

Cha bhi **ar** a' toirt buaidh sam bith air ainmearan a' tòiseachadh le **connrag**.

19. **nach bidh > nach bi**

'S e freumh a' ghnìomhair a bhios air a chleachdadh às dèidh **nach** anns an tràth theachdail, m.e. *nach gabh*, *nach suidh*, *nach ith*, agus 's e **bi** freumh a' ghnìomhair seo.

20. **gus an cur > gus an cuir**

'S e **cur** an t-ainmear gnìomhaireach ach thathar ag iarraidh freumh a' ghnìomhair às dèidh a' mhìrean **an**, agus tha sin air a litreachadh **cuir**.